



Dreacht den Gheàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir air a chumail air Dihaoine 24 Samhain 2017 ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis aig 10m.

<b>Buill:</b>	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche)	Aonghas MacAonghais
	Aonghas S MacLeòid	Boyd Robasdan
	Sandy Jones	Cairistiona Walker
	Aonghas L MacLeòid	Máire Ni Annrachain
	Iain Greumach	Iain Moireasdan (bho 10.30)
	Catrina Dunn	Art MacCarraig
	Sine Ghilleasbuig	Kathleen NicFhionghain
	Màiri NicAnndrais	Bekah NicLeòid

**An Làthair:** Iain T MacLeòid, Nicola NicThòmhais, Karen Cheanadach (bho 10.45m), Fiona NicFhionghain Eairdsidh MacGilleathain agus Scott Anderson (bho 2.00f)

**Leisgeulan:** Donnie Rothach

## Gnìomh

1 **FÀILTE**  
Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air Mairi NicAnndra chun a' chiad choinneimh den Bhòrd agus na h-oileanaich Kathleen NicFhionghain agus Bekah NicLeòid.

## 2 GEÀRR-CHUNNTASAN

2.1 **CU17-03-02 (15.09.2017):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh agus chuir an Cathraiche a làmh ris.

### 2.2 Puingean Gnìomh

Chaidh obrachadh tro na puingeann gnìomh a leanas:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17.02	6.1	<b>Buill ùra</b> Thèid bruidhinn ri na daoine a th' air an liosta ainmean	BR	<b>Dèanta</b>
17.03	2.6.1	<b>Cathraiche a' Chomataidh Sgrùdaidh</b> Thèid faighinn a-mach cuin a bhios e comasach dha tighinn gu coinneimh a' Bhùird	IG/CNC	<b>Dèanta</b>

17.03	6.1.1	<b>Pàirce-Geo an Eilein Sgitheanaich</b> Fios gu Hillhouse Studio gu bheil sinn a' com-pàirteachadh leotha.	BR/ITML	Dèanta
17.03	7.3	<b>Aithisg Fèin-sgrùdaidh Èifeachdais agus Plana Leasachaidh</b> Thèid an aithisg deireannach a chuartachadh gu buill nas fhaide air a' bhliadhna.	EMG	Dèanta
17.03	8.1.5	<b>Togalach Fàs</b> Feumar co-dhùnadh a dhèanamh an gnòthach seo a ghluasad agus thèid seo a dheasbad aig an ath choinneimh de CIO san t-Samhain.	IG/CIO	Dèanta
17.03	8.5	<b>Riaghailtean Riaghlaidh</b> Atharraichean a chaidh a mholadh a dhèanamh air an sgrìobhainn.	FNF	Dèanta
17.03	8.6	<b>Poileasaidhean</b> Poileasaidhean a chaidh aontachadh rin cur dhan leabhar làimhe	FNF	Dèanta

2.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd CIO17-04-02 [02.11.2017]**  
Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.4 **Comataidh Sgrùdaidh AUD17-03-02 [10.11.2017]**  
Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.5 **Gnothaichean ag Èirigh**  
Cha robh gnòthach sam bith ann.

3 **Ùidhean**  
**Boyd** - Dh' ainmich Boyd ùidh sa chuspair aig puing 4.1 *Dreuchd a' Phrionnsapal* agus gum biodh e a' fàgail na coinneimh fhad 's a bhathas a' deasbad na puing seo.

4  
4.1 **Aithris a' Chathraiche - Dreuchd a' Phrionnsapail**  
**(Dh' fhàg Boyd an seòmar)**

Thug an Cathraiche iomradh air na bha air tachairt gu ruige seo an luib Prionnsapal fhasadh. Chaidh agallamhan a chumail ach cha robhas a' faireachdainn gun robh na tagraichean iomchaidh airson na h-obrach.

**Chaidh aontachadh** nach biodh am Bòrd a' cleachdadh buidheann trusaidh bhon taobh a-muigh.

Leis gu bheil triùir a' seasamh sìos bhon Bhòrd chaidh aontachadh Buidheann Trusaidh le buill ùra a chur air dòigh airson cùisean a ghluasad. Chaidh Catriona Dunn agus Sandaidh Jones am moladh a thaobh an cuid eòlais air fastadh agus foghlam agus **chaidh na molaidhean aontachadh**. Bidh Aonghas S MacLeòid na chathraiche air a' bhuidhinn.

Bha deasbad fharsaing ann mun t-slighe air adhart agus **chaidh aontachadh** litir a chur a-mach tron bhuidhinn thrusaidh, gu prionnsapalan oilthighean agus cholaistean ag ainmeachadh gu bheil a sireadh prionnsapal ùr agus ag iarraidh orra a naidheachd sin a sgaoileadh.

**Buidheann  
Trusaidh**

Chaidh aontachadh ainmean dhaoine a bhathas a' faireachdainn a bhiodh iomchaidh a chur gu Aonghas S MacLeòid.

**Buill air fad**

**As dèidh na deasbaid chaidh iarraidh air Boyd tilleadh dhan t-seòmar.**

Chuir an Cathraiche fàilte air Karen Cheanadach, an Stiùiriche Ionmhais ùr a bha air tighinn chun na coinneimh. Bidh Karen a' tòiseachadh san dreuchd air an 11 Dùbhlachd 2017.

5

## **Ballrachd**

5.1

### **A' taghadh Cathraiche agus Iar-Chathraiche**

**Chaidh aontachadh** gu h-aon ghuthach gun gabhadh Aonghas S MacLeòid thairis dreuchd a' Chathraiche bho Aileen. Chuir am Bòrd fàilte air dhan dreuchd ùr.

Thug Aonghas taing dhan Bhòrd airson an urram a bhuileachadh air.

Chaidh aontachadh an Iar-Chathraiche a thaghadh aig an ath choinneimh sa Mhart 2018.

5.2

### **Buill ùra**

B' e seo a' chiad choinneimh aig Màiri NicAnndra na Stiùiriche agus chaidh fàilte a chur oirre.

Dh' ainmich Boyd gu bheil Aonghas MacIllinnein deònach tighinn air a' Bhòrd.

Thathas fhathast a' sireadh ainmean eile agus chaidh iarraidh air daoine ainmean a chur air adhart gu Boyd no gu Nicola.

**Buill air fad**

5.3 **Bail ùr Ostaig**  
Chaidh aontachadh gum biodh Aonghas L MacLeòid na Stiùiriche dhen companaidh seo.

5.4 **SMO Developments Ltd**  
Chaidh aontachadh gum biodh Aonghas L MacLeòid na Stiùiriche dhen companaidh seo.

## 6 **Aithisg a' Phrionnsapail**

6.1 Bhruidhinn Boyd ris an aithisg agus chomharraich e na puingeann a leanas:

### **Òraidean**

San t-Sultain agus san Dàmhair bha uimhir òraidean cudromach aig an t-Sabhal - Òraid an t-Sabhail, Òraid Ollamhachd Meg Bateman, Òraid Chuimhneachaidh Iain Nobail agus òraid na Ceumnachd. Rinn Boyd moladh air an òraid a rinn Sine Ghilleasbuig aig a' Cheumnachadh am-bliadhna.

### **Soirbheachas**

Bha dithis bhuill soirbheachail aig a' Mhòd. Fhuair Sandaidh Jones a' chiad duais ann an dà fharpais seinn agus bhuannaich Bekah NicLeòid na duais airson a' bhana-chleasaiche a b' fheàrr anns an fhèis dràma.

Chuir am bòrd meal-an-naidheachd orra le chèile. Bha na buill toilichte cluinntinn gun deach duais Neach Ionnsachaidh na bliadhna a thoirt do Ross Christie a tha na oileanach aig an t-Sabhal.

Chaidh duais Neach Òg na Bliadhna a bhuileachadh air Màrtainn MacLeòir, Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid. B' e Urras an Eilein a thug seachad an duais.

### **Coinneamh de Phrionnsapalan Oilthighean is Cholaistean**

Dh' innis Boyd gun robh prionnsapalan gach Oilthigh agus Colaiste ann an Alba air an gairm gu coinneimh le Shirley-Anne Somerville air 08/11/17 ann an Dùn Èideann. B' e dèineachd nan aontathoraidheadhan cuspair na coinneimh seo. Mhinich Boyd gu bheil barrachd cuideam ga chur air poileasaidhean mar '*Widening Access*' tha sin a' ciallachadh a bhith a' leudachadh chothroman do dhaoine bho sgìrean bochda. Cuideachd bidh iad a' coimhead air cothromachadh gnè, rud a tha gu math doirbh ann an cùrsaichean cànan.

### **Clach-uaghach Dhonaidh Chaimbeul**

Fhuair a' Cholaiste fios bho Thormod Dòmhnallach à Portrigh gun robh clach-uaghach Dhonaidh Chaimbeul ann an droch staid ann an cladh Aisig. Chaidh sgioblachadh is ùrachadh a dhèanamh air le Jon Hearach.

**ERDF**

Thug Boyd seachad fios air an ire aig a bheil an suidheachadh le ERDF. Tha coinneamh chudromach ann an-diugh fhèin [24/11/17] ann an Glaschu, far am bi pannal a' beachdachadh air. Tha tri fichead buidheann eile san aon shuidheachadh, is mar sin cha bhi fiosrachadh foirmeil ann gu toiseach na bliadhna ùir.

6.2 **Pàirce-Geo Dà-chànanach an Eilein Sgitheanach**

Chaidh coinneamhan a chumail aig a' cholaiste ach tha coinneamhan eile a dhith le daoine bhon Cholaiste agus daoine bhon sgìre airson beachdachadh air ciamar a bhiodh cultar agus Gàidhlig air fhighhe a-steach don iomairt seo. Feumar a bhith gu math soilleir dè na buannachdan a th'ann dhan Cholaiste agus dè thathar a' ciallachadh le pàirce dà-chànanach. Thig pàipear gu coinneimh a' Bhùird sa Mhàrt mu na tha san amharc.

BR/ITML

7 **Foghlam agus Rannsachadh**

7.1 Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg. Bha ùrachadh aige a thaobh fiosrachadh agus shoilleirich e cuid de na puingeann bhon aithisg.

**PDA Sgilean Eadar-theangachaidh**

Chaidh a' chùrsa a dhearbhadh aig coinneimh dearbhaidh SQA air an 16 Samhain. Thathar a' bruidhinn air comann de eadar-theangadairean a chur air bhonn agus bidh a' Cholaiste ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig airson sin at hoirt gu buil.. 'S e cùrsa for-cheum a bhios ann agus 's ann air astar a bhios e air a libhrigeadh.

**Tràth-bhliadhnaichean agus Cùram Chloinne**

Thug Iain Tormod seachad fiosrachadh gu bheil an SVQ a-nis dearbhte. 'S ann airson daoine a tha ag obair ann an cùram chloinne a bhios an cùrsa. Cuideachd, tha cothrom ann a bhith ag co-obrachadh ri sgoiltean a thaobh preantasan do chloinn-sgoile. Bha am Bòrd mothachail gur e leasachadh air leth cudromach do dh' fhoghlaim Gàidhlig a tha seo agus chuir iad fàilte air a' chothrom.

**Soillse**

Tha Soillse 2 dearbhte a-nis. Tha sin a' ciallachadh gu bheil suim airgid aca a bheir seasmhachd còig bliadhna dhaibh. Chuir am Bòrd fàilte air an naidheachd seo. Thàinig fios cuideachd gu bheil an lionradh aca air leudachadh gu oilthighean eile mar Oilthigh Srath Chluaidh, Oilthigh Heriot Watt agus Oilthigh Chaledonian Ghlaschu.

**Rannsachadh**

Rinn Màire moladh air an sgioba acadaimigeach agus gu h-àraidh Iain Tormod airson an obair ionmholta a tha e air a bhith a' dèanamh gus rannsachadh a thoirt air adhart sa Cholaiste. Mhol i gum bu chòir an sgioba acadaimigeach a bhith a' frithealadh barrachd cho-labhairtean agus a' toirt seachad phàipearan aig na co-labhairtean sin.

A thaobh choinneamhan fòn, mhol Maire gum bu choir teicneolas fòn nas fheàrr a chleachdadh. Bha i a' faireachdainn gu bheil e gu math doirbh daoine a chluinntinn agus gum bu chòir seo a leasachadh.

Thug Iain Tormod taing do Mhàire agus do Chairistiona airson na h-obrach a rinn iad agus an tuigse anns na deich bliadhna a tha iad air a bhith air a' Bhòrd.

Thug Cairistiona iomradh air cho math sa tha a' Cholaiste air com-pàirteachadh le buidhnean agus oilthighean eile agus thug i taing do dh' Iain Thormoid agus Boyd airson sin.

## 7.2

### **Aithris bho na h-Oileanaich**

Bhruidhinn na h-oileanaich mu thogalach Comann nan Oileanach agus an obair càraidh a tha iad an dùil a dhèanamh air, le taic bho Roinn na h-Aoigheachd agus an sgioba gleidhidh.

Tha Comann nan Oileanach air a bhith trang a' cur diofar sheòrsa thachartas air dòigh do na h-oileanaich agus thug iad iomradh air na bha air a bhith a' tachairt. Dh' innis iad gu bheil an t-ionad Spòrs 'Slàn' soirbheachail, leis an dà chuid oileanaich agus luchd-obrach ga chleachdadh gu cunbhalach.

Dh' ainmich Nicola gum bi buidheann bho BBC Alba a' fuireach aig a' Cholaiste tro na làithean-saora. Mar is trice cha bhi aig oileanaich ri na stuthan a thoirt às na seòmraichean, ach dh' aontaich iad sin a dhèanamh am-bliadhna. Thug Nicola taing dhaibh as leth na Colaiste airson aontachadh ri sin.

Thugadh taing do na h-oileanaich agus chomharraich am Bòrd cho cudromach sa tha e guth nan oileanach a chluinntinn aig na coinneamhan.

## 8

### **Gnothaichean Corporra**

#### 8.1

### **Aithris Stiùiriche an Ionmhais**

Thug Iain Gordon seachad fiosrachadh labhairteach air suidheachadh an ionmhais an-uiridh agus am-bliadhna.

Bha buannachd ann de 35K an-uiridh anns a' bhuidseat. Thàinig a' bhuanachd mar thoradh air an obair mhòir a bha h-uile roinn den Cholaiste air a dhèanamh agus bha Iain airson a thaing a chlàradh.

Tha buidseat na bliadhna seo nas teanna. Gu ruige seo tha coltas ann nach bi ach 1K de bhuanachd ann am-bliadhna. 'S e gainnead oileanach air an làrach a tha ag adhbharachadh a' bheàrn san teachd a-steach. Ged a tha na figearan a' coimhead iosal, tha Iain misneachail nach bi cuisean cho dona sa bhliadhna a tha romhainn.

Chaidh deasbad air na h-adhbharan airson an lùghdachadh ann an àireamhan air an làrach. Bhathas a' faireachdainn gu bheil an curriculum anns na sgoiltean, gu h-àraidh nuair a thig e gu bhith a' taghadh Ghàidhlig mar chuspair na thrioblaid agus na bhacadh. Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh a' phuing a thogail le John Swinney nuair a thig e dhan Cholaiste sa bhliadhna ur.

BR

Thog Sandaidh air beachd smuain mu na 3 calpannan 'falaichte' agus gum bu chòir dhaibh a bhith air am fighe a-steach dhan h-uile aithisg a tha a' Cholaiste a' dèanamh. 'S iad na trì calpannan:

1. Daonna (Human)
2. Sòisealta (Social)
3. Inntleachdail (Intellectual)

Bha i a' faireachdainn gum biodh e cuideachail a thaobh fèin-luachadh agus KPIs nam bitheamaid a' smaoinichadh air na calpannan nuair a thathar a' cruthachadh aithisgean neo buidseatan.

Dh' ainmich Aideen gum b' e seo a' choinneamh mu dheireadh aig Iain Gordon agus e a' leigeil dheth a dhreuchd. Chaidh taing a thoirt do dh' Iain airson a chuid obrach agus chaidh moladh a dhèanamh air airson an adhartas a rinn le chuid Ghàidhlig.

8.2

### **Clàr Chunnartan**

Cha robh atharrachadh sam bith air a' chlàr bhon turas mu dheireadh a choinnich am Bòrd.

Chaidh a mholadh gum bu chòir an clàr a bhith a-measg nam pàipearan fiù 's mura robh atharrachadh sam bith air. Chaidh seo aontachadh.

FNF

8.3

### **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta**

Tha Sabhal Mòr a' leantainn àrdachadh an NRPA ged nach eilear an lùib a' ghnòthaich gu h-oifigeil. Chuir Nicola an cèill a cuid draghan a-rithist nach eil Barganachadh Nàiseanta a freagairt air a' Cholaiste, ged a bha i ag aithneachadh gum bu chòir dhan luchd-teagaisg àrdachadh fhaighinn. Chaidh gabhail ris na molaidhean airson àrdachaidhean pàighidh do luchd-teagaisg àrd-ire agus do dh'Ollamhan a bha sa phàipear a dheasaich Nicola.

NNT

8.4

### **Aithisg a' Chomataidh Sgrùdaidh**

Thugar fa-near an Aithisg Sgrùdaidh.

8.5

### **Aithisg Chorporra**

Thugar fa-near an Aithisg Chorporra

- 8.6 **Adhartas an Ro-innleachd**  
Thugar fa-near an aithisg air Adhartas na Ro-innleachd
- 8.7 **Plana Leasachaidh a' Bhùird**  
Thugar fa-near Plana Leasachaidh a' Bhùird.
- 8.8 **Poileasaidh Pàrantachadh Corporra agus Plana Pàrantachadh Corporra**  
Chaidh am poileasaidh aontachadh le atharrachadh air a' bhriathrachas gus am bi am facal 'oileanach' ann an àite 'clann/cloinne'. ITML
- 8.9 **Poileasaidh Aoigheachd is Tiodhlachan**  
Chaidh am poileasaidh aontachadh.
- 9 Leasachadh na h-Ealain agus Pròiseactan**
- 9.1 **Taigheadas na Cille Bige**  
Thèid coinneamh a chumail aig toiseach na bliadhna le Stuart Black, Ceannard Leasachaidh, Comhairle na Gàidhealtachd agus Alan McGuire a tha os cionn taigheadais aig a' Chomhairle. Bithear a' bruidhinn air an ath ire de thaigheadais sa Chill Bhig.
- 10 GNOTHAICH IOMCHaidh SAM BITH EILE**
- 10.1 **Aithisg Obair Rannsachaidh na Colaiste**  
Thèid an aithisg air obair rannsachaidh na Colaiste a chur sa phost chun na buill. FNF
- 10.2 **Foghlam Alba**  
Thug Scott Anderson bho Foghlam na h-Alba fiosrachadh dhan Bhòrd air an Aithisg Fèin-sgrùdaidh agus am Plana leasachaidh. Chaidh an dà sgrìobhainn an cùl-sgrìobhadh gun chùmhnannt sam bith. Thugadh taing do dh' Eairdsidh, a bha an làthair, airson an h-obrach mhòr a rinn e.
- 11 11.1 **CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEAMH**  
Bidh an ath choinneamh aig SMO air **9 Màrt 2018**.

*Sgaoil a' choinneamh aig 2.30f*